



Teisteanais  
Nàiseanta  
2015

**X772/75/11**

**Eachdraidh**

DIHAOINE, 01 CÈITEAN

09:00 M – 10:45 M

**Comharran gu lèir — 60**

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra**

Feuch AON phàirt.

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharra**

Feuch AON phàirt.

**ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra**

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 7 2 7 5 1 1 \*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA**

**PÀIRTEAN**

- B. Màiri Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh ann an Alba, 1542–1587 **Duilleag 6**
- E. Linn a’ Chiad Chogaidh Mhòir, 1910–1928 **Duilleag 12**

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN**

**PÀIRTEAN**

- C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807 **Duilleag 16**

**ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL**

**PÀIRTEAN**

- C. Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880 **Duilleag 21**
- D. Hitler agus a’ Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939 **Duilleag 22**
- E. A’ Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921 **Duilleag 23**

## ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra

## Pàirt B — Màiri Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh ann an Alba, 1542–1587

Freagair na ceistean a leanas a’ cleachdadh d’ fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

5. Sgrìobh cunntas air “An t-Suirghe Gharbh”.

5

Tha Stòran A agus B mu mhurt Riccio.

## Stòr A

Bha Màiri anns an t-seòmar aice a’ gabhail biadh còmhla ri Riccio agus caraidean eile. Gu h-obann, bhris Darnley agus cuid den luchd-leantainn aige a-steach don t-seòmar. Bha Màiri an dùil ri leanabh. Rug fear den luchd-leantainn a bhris a-steach air Màiri agus chaidh gunna a chur ri a mionach. Thug Ruthven agus fear eile an uair sin ionnsaigh air Riccio. Chaidh a shlaodadh a-mach às an t-seòmar agus chaidh biodag a chur ann iomadh turas. Bhàsaich e, agus chaidh a chorp a lorg tràth an-ath-mhadainn.

## Stòr B

Nochd Darnley agus buidheann dh’uaislean fo armachd gun dùil riutha, agus am Morair Ruthven nam measg, agus bhris iad a-steach a sheòmar Màiri. Dh’èigh Ruthven ri Riccio agus dh’iarr e air gluasad air falbh bho Mhàiri. Chaidh Riccio an uair sin a shlaodadh a-mach às an t-seòmar, biodag a chur ann 50 turas agus chaidh a chorp a thilgeil sìos an staidhre. Bha Màiri an dùil ri leanabh. Cha b’ urrainn dhi dad a dhèanamh oir ghabh cuideigin grèim oirre agus chaidh gunna a chur ri a mionach.

6. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** mu na thachair do Riccio. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)
7. Mìnich na h-adhbharan airson gum b’ fheudar do Mhàiri an crùn a chur bhuaipe ann an 1567.

4

5

Tha **Stòr C** a' toirt cunntas air na thachair anns a' chùirt-lagha aig Màiri, Banrigh na h-Alba ann an 1587.

### Stòr C

Bha Màiri an toiseach den bheachd nach rachadh i idir dhan chùirt. Fhuair i a-mach ge-tà gun rachadh a' chùirt air adhart co-dhiù a bhiodh ise an sin no nach biodh. Chaidh Màiri don chùirt gus a i fhèin a dhìon, ach chan fhaodadh i fianaisean a ghairm dhi fhèin. Thòisich a' chùirt-lagha air 14 An Dàmhair agus mhair i dà latha. Rè na h-ùine sin cha robh cead aice sgrìobhainnean sam bith a leughadh. Thuirt Màiri ris na searbhantan aice gun robh fios aice gun canadh a' chùirt gun robh i ciontach seach gum biodh e ro chunnartach a fàgail beò.

8. Dè cho slàn 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas mu na thachair co-cheangailte ri cùirt-lagha Màiri, Banrigh na h-Alba ann an 1587? (Cleachd **Stòr C** agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air Duilleag a sia-deug]

## ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra

## Pàirt E — Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1910–1928

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** mu chleachdadh tancaichean air an Aghaidh an Iar.

**Stòr A**

Nuair a thugadh ionnsaigh aig Flers, b' e trithead 's a trì de tancaichean a bha air thoiseach. Chuir am ball-airm ùr sin a nochd uabhas air na Gearmailtich. Ach chleachd Sir Douglas Haig iad mus robh iad deiseil airson an cleachdadh ann an cogadh oir bha e a' feuchainn ri briseadh a thoirt air a' chlosadh anns na trainnsichean. Cha robh a' chiad tancaichean sin idir a' gluasad luath. Bhiodh iad a' briseadh tric. Bhiodh tancaichean tric a' dol am bogadh sa pholl uabhasach a bh' ann an *no man's land*. Bha cùisean dìreach uabhasach fhèin do na daoine a bha air na tancaichean. Bha na tancaichean ag adhbharachadh teas uabhasach annta fhèin agus, glè thric, bhiodh na daoine a bha annta gus tachdadh leis a' cheò.

17. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air a' bhuaidh a bha aig tancaichean air an t-sabaid air an Aghaidh an Iar anns a' Chiad Chogadh Mhòr? (Cleachd **Stòr A** agus d' fhiosrachadh fhèin.)

Tha Stòran B agus C mun t-suidheachadh a bha anns na trainnsichean.

### Stòr B

Tha mi an dòchas co-dhiù nach reoth i. Tha e cho doirbh air na fir bhochda anns na trainnsichean agus iad nan seasamh ann am poll domhainn. Bidh uisge glè thrì suas gum meadhan. Reothaidh iomadh cas ma thig reothadh. Oidhche na Bliadhn' Ùire bha mi na mo shìneadh ann an sloc air sìneadair air an ùrlar le duine a bha air a leòn air m' uachdar. Bha na radain a' cluich air feadh an àite. Bha sligean a' spreadhadh mun cuairt oirnn agus bha an t-àite air chrith.

### Stòr C

Duine sam bith a dh'fheumadh a dhol chun a' bhuidhinn air ar làimh dheis, bha aige ri coiseachd trithead slat ann an trainnse làn uisge a bha suas gum meadhan ann an cuid de dh'àiteachan. Bha sligean an-còmhnaidh a' tuiteam air trag nan clàran-coise agus, ann an cuid de dh'àiteachan, bha ceud slat dheth air briseadh na spealgan. Nuair a bhiodh tu a' coiseachd air ais 's air adhart, bha e na b' fheàrr cumail air falbh bhon trag. Bhiodh aig na saighdearan uaireannan ri dhol tro pholl uabhasach tiugh.

- |     |   |   |
|-----|---|---|
| 18. | Dèan coimeas air na beachdan ann an <b>Stòran B</b> agus <b>C</b> mun t-suidheachadh anns na trainnsichean. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) | 4 |
| 19. | Mìnich na h-adhbharan airson cuid de dhaoine a bhith mì-thoilichte le bacaidhean riaghaltais mar DORA.  | 5 |
| 20. | Sgrìobh cunntas air na duilgheadasan eaconamach a bha ann an Alba an dèidh a' Chogaidh Mhòir.   | 5 |

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air Duilleag a sia-deug]

**Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807**

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

29. Sgrìobh cunntas air na diofar ìrean a bha sa mhalairt thriantanaich.

5

Tha **Stòr A** mu dheidhinn cho cudromach 's a bha malairt nan tràillean do dh'eaconamaidh Bhreatainn.

**Stòr A**

Bha beachd ann gun robh malairt nan tràillean riatanach do dh'eaconamaidh Bhreatainn san ochdamh linn deug. Mar eisimpleir dh'atharraich Liverpool bho bhith na phort bochd gu bhith na bhaile malairt cho beairteach agus cho soirbheachail 's a bha air an t-saoghal. Cha mhòr nach robh a h-uile gnìomhachas sa bhaile a' faighinn obair air sgàth malairt nan tràillean. Bha cotan nan tràillean a' toirt obair do mhuilnean Lancashire. Cha mhòr gun robh guth air na bha na daoine a bha ga dhèanamh a' fulang. Bha iarraidh mhòr air siùcar agus rinn marsantan prothaidean mòra a' toirt siùcar a-steach às a' Charibbean.

30. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air cho cudromach 's a bha malairt nan tràillean do dh'eaconamaidh Bhreatainn? (Cleachd **Stòr A** agus d' fhiosrachadh fhèin.)

5

Tha **Stòr B** à leabhar a sgrìobh eachdraiche san latha an-diugh agus chaidh fhoillseachadh ann an 1987.

**Stòr B**

Dh'atharraich eilean Bharbados gu tur air sgàth malairt nan tràillean. Toiseach an ochdamh linn deug, bha planntachasan mòra siùcair, a bha a' dèanamh barrachd prothaid, air tighinn an àite nan tuathanasan beaga. Bha an t-eilean uaireigin na fhàsach àlainn. Ach tha cunntasan ann a tha ag innse mar a chaidh cur às, beag air bheag, do na daoine agus do na lusan. Chaidh planntachasan a chur nan àite. B' ann an sin a bha àireamh mhòr, mhòr de thràillean Ameireaganach ag obair, agus b' ann an sin a bhàsaich iad.

31. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air a' bhuaidh a bha aig malairt nan tràillean air eileanan a' Charibbean.

5

(’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

32. Mìnich na h-adhbharan a bha e cho doirbh do thràillean air na planntachasan cur an aghaidh an t-suidheachaidh aca.

5

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag fichead 's a h-aon]

*Duilleag a sia-deug*



## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

## Pàirt C — Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

47. Minich na h-adhbharan airson gun robh Tùsanaich Ameireaga an aghaidh leudachadh dhan iar. 6
48. Dè an ìre gun do dh'adhbharaich taghadh Lincoln mar Cheann-suidhe ann an 1860 gun do thòisich an Cogadh Catharra? 8  
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** bho aithisg a sgrìobh oifigear bho Freedmen's Bureau ann an 1866.

Tha na tràillean a chaidh a shaoradh ann an Texas air a bhith le eagal am beatha air sgàth ionnsaighean bho dhaoine borb san sgìre. Tha eagal air na daoine sin a chaidh a shaoradh innse mu dhuine dubh sam bith a chaidh a mhurt. Chan eil na murtairean toilichte nach eil smachd aca a-nis air na tràillean a chleachd a bhith aca. Tha mòran den fheadhainn a chleachd a bhith nan tràillean nach eil toilichte len saorsa, agus b' fheàrr leotha fhathast a bhith nan tràillean oir bha e a' toirt beagan dìon dhaibh.

49. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air a' bhuaidh a thug Ath-thogail nan Stàitean a Deas an dèidh 1865. 6  
(’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

## Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

50. Minich na h-adhbharan air carson nach robh Riaghaltas Weimar a' còrdadh ri daoine suas gu 1925. 6

51. Dè an ìre gun robh poileasaidhean sòisealta an Riaghaltais Nadsaidhich cudromach gus a' chumhachd aca a ghleidheadh eadar 1933 agus 1939? 8

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** à leabhar a sgrìobh eachdraiche san latha an-diugh agus chaidh fhoillseachadh ann an 2013.

Bha aig lùdhaich ri suidhe air suidheachain a bha air an comharrachadh dhaibh air busaichean agus air beingean anns na pàircean. Bha beachdan anti-Semitic air an teagasg don chloinn ann an sgoiltean anns a' Ghearmailt. Bhiodh tidsearan a' magadh air clann lùdhach. Cha robh sgoilearan a bhiodh ri burraidheachd clann lùdhach san raon-chluiche idir air am peanasachadh. An uair sin, mura rachadh clann lùdhach don sgoil, chanadh na Nadsaidhean gun robh sin a' dearbhadh gun robh clann lùdhach leisg agus nach robh iad a' bodraigeadh a dhol don sgoil.

52. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air mar a bhathar a' dèiligeadh ris na h-lùdhaich anns a' Ghearmailt Nadsaidhich. 6

(’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

## Pàirt E — A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

Freagair na ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

53. Minich na h-adhbharan airson gun robh e cho doirbh a dhol an aghaidh an Tsar ro 1905. 6

54. Dè an ìre gun robh duilgheadasan a dh'adhbharaich A' Chiad Chogadh Mòr mar adhbhar air mar a leagadh an Tsar anns a' Ghearran 1917? 8

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** à leabhar-latha Tosgaire Bhreatainn anns an Ruis airson 24 Dàmhair 1917.

Chuala mi madainn an-diugh gun cuir na Boilseabhaich às don Riaghaltas ann am beagan làithean seach gu bheil iad air buill-airm gu leòr a ghlacadh. Thàinig triùir Mhinistearan on Riaghaltas aig uair. Cha robh mi idir cinnteach gun robh an Riaghaltas làidir gu leòr airson dèiligeadh ris an t-suidheachadh. Thuirt mi riutha nach robh mi a' tuigsinn ciamar a b' urrainn don Riaghaltas leigeil le Trotsky leantainn air a' misneachadh an t-sluaigh gu bhith a' murt agus a' goid.

55. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais airson nan adhbharan a bha aig na Boilseabhaich airson cumhachd a ghlacadh anns an Dàmhair 1917. 6

(’S dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO